Blair. 440.

AN CUNNART A THA ANN AN DAIL.

"MO chlann," ars' an seann duine, "éisdibh ri briathraibh deireannach bhur n' athar,—cha bhi iad ach tearc: 'Se mo mhiann gu'n drùigheadh iad oirbh." An sin dh 'eirich e air 'uilinn anns an leabaidh, mar gu 'm faigheadh e neart ùr; agus chaidh e air aghaidh mar so. "'Nuair a bha 'ur n' athair òg cha robh e 'n a choigreach do shochairean prìseil an t-soisgeil: cha 'n e sin amhàin, ach bha e tuilleadh a's aon uair fo mhòr iomaguin mu staid 'anama, gu h-àraidh 'n uair a bha e 'dol 'n a shèbliadhna deug: Ar leam gu robh guth an comhnuidh ag ràdh rium, *Iarr an Tighearn a nis.* Cha robh sìth no socair agam; dh' fhalbh an toil-inntinn a b 'àbhaist dhomh

fhaotainn ann an cluich agus sùgradh ; ach air a shon so, cha robh mi toileach dealachadh riu gu h-uile, agus umhlachd a thoirt do'n ghuth. Tha cuimhne agam, aon là an dèigh moran beachd-smuaineachaidh, gu'n do bhòidich mi do Dhia, cho luath' s a rachadh maduinn na h-òige seachad, gu'n toisichinn ri bhi 'n am dhuine cràbhach. Dh' fhoghainn so 's an àm—dh' fhag gach iomguin mi a thiota—phill mi gu m' làn-aighir, agus cha b' fhada' bha cuimhne air ni air bith de na thachair !

Nuair a rainig mi cuig-bliadhna-fichead, chuir mo choguis mo ghealladh sòluimte do Dhia 'n 'am chuimhne, agus thoisich i 'rìs ri sparradh orm cho cudthromach 's a tha na nithe a bhuineas do'n t-saoghal shiorruidh. Ged dhi-chuimhnich mi mo ghealladh fad iomadh bliadhna, gidheadh, b' fheudar aideachadh gu'n robh a leithid ann, ach a cho-ghealladh no choimhlionadh a nis, cha robh e, do réir coltais, a leth cho furasda 's a bha e naoi bliadhna roimhe ! Bhòidich mi, an dara h-uair, agus le barrachd dùrachd na rinn mi riamh, 'n uair a rachadh cùram teaghlaich òig an lughad, gu'n tugainn gun ag mi fèin suas do dhiadhachd.

'Mach a thug mi 'rìs a chothachadh an t-saoghail, agus cha b' fhada gus an deach' gach giorag adhlacadh mar nach biodh bòid no guth-coguis riamh ann ! Aig leth-cheud, 'n uair a bha sibhse, mo chlann, chà' n ann a cur ri m' churam, ach a' togail uallach an t-saoghail dhiom, bha ni éigin a' sparradh orm an còmhnuidh, "*coimhlion do*

ghealladh—Iarr Dia a nis." Bha fhios aig mo chridhe gu 'n d'thug mi a leithid do bhòid, ach cha robh mi toilichte gu'n deach' iarraidh orm a h-ìocadh cho tràth. Bha mi doilich gu'n do chuir mi dàil idir 's an obair, a dh' aindeoin ùpraid an t-saoghail. Bha mi nis fo mhòr imcheist agus iomaguin inntinn, ach an déigh mòran beachd-smuaineachaidh fhuair m' inntinn fois le bòid a dheanamh do Dhia, *an treas uair*, 'n uair a rachadh cùram an t-saoghail seachad, nach tugadh ni air bith m' aire bhàrr ullachadh a dheanamh air son siorruidheachd.

Cha luaithe 'rùnaich mi so na dh' fhalbh gach cùram gus an d' thainig euslaint: Ach, a nis, ged bu mhiann leam a bhi cràbhach cha b' urrainn domh! Tha cràbhadh a nis dhomh cho làn duibhre agus uamhais, 's gur ann a tha e cur gairisinn air m' anam! Tha mi 'faireachadh gu bheil mi air mo thréigsinn le Dia, ach cha'n 'eil e 'cur gluasaid orm—cha'n 'eil gràdh do Dhia 'n am chridhe, no tur fhuath do pheacadh—cha 'n 'eil mi 'faicinn ach eu-dochas romham 's am dhéigh!

Anns an staid inntinn so tha bhur n' athair a nis air stairsnich siorruidheachd. Oh! mo chlann! gabhaibh rabhadh! Mur maith leibh siorruidheachd a chaitheadh ann an staid truaighe, toisichibh *a nis*—na cuiribh dàil ann an saorsa an anama gus an—cha chluinnteadh a chuid eile—cha'n fhaicteadh ach a' bhilean a' gluasad—dhìobair a neart e—thuit e an comhair a chùil, agus

le ròan mar gum b' e toiseach nam piantaibh air nach tig crioch e, ghabh an spiorad neo-bhàsmhor a chead de'n chollainn, a dh 'àitich e dlùth do cheithir fichead bliadhna !

'S ann bho odha do'n t-seann duine, ministear, a bha ri taobh na leapach 's an àm, a fhuair mì'n cunntas so. Be'n sealladh uamhasach so a bu mheadhon e féin agus iomadh eile de shliochd an t-seann duine iompachadh gu Dia, agus nuadhachd caithe-beatha. Trì bliadhna mu'n do dh 'eug an seann duine, bha dùsgadh mòr anns a' choimhearsnachd, agus a' measg chàich, rinn an Spiorad greim air a mhac leis an robh e 'fuireach. Rinn an seann duine na b 'urrainn dha gu grabadh a chur air càbhadh a mhic, agus fhad 's a bha comas gluasaid aige, cha 'n fhanadh e 's an t-seòmar an àm ùrnuigh teaghlaich, 's cha mhò, gu latha 'bhàis, a dh' iarr e riamh urnuigh 'chur suas as a leth !

Bho'n eachdraidh aithghearr agus mhuladaich so feudaidh sinn a thional :—*'S a cheud aite*—Gur i 'n òige an t-aon àm gus an Tighearna iarraidh. Tha so soilleir bho *thuigse nàdurra ;* oir tha gach bliadhna a chaitheas sinn ann an cleachdanna peacach a 'neartachadh an cumhachd osceann ar n' anama, a' togail a bhalla ni 's àirde, a tha eadar sinn agus nèamh, agus 'g a fhàgail ni 's neò-chinntiche co ac' a théid no nach téid sinn gu bràth a steach air geataibh na h-Ierusaleim nuaidh ! Tha so soilleir *bho na scriobturaibh naomha.* Tha annta sin geallaidhean sònraichte,

agus aitheantan sòuraichte do'n òigridh—"Cuimhnich a nis do Chruith-fhear, ann an laithibh d' òige, m'an tig na droch làithean, agus m' an dlùthaich na bliadhnachan anns an abair thu, Cha' n 'eil tlachd agam annta"—"Iadsan a dh 'iarras mi gu *moch*, gheibh iad mi."

Tha, mar an ceudna, *fradharc ar sùl* 'g a dhearbhadh. Chunnaic fear-sgriòbhaidh an leabhrain so iomadh neach a chaidh a dhùsgadh le Spiorad Dhia, agus is eigin da fianuis a thogail, gur ann 'n an òige a dhùisgeadh a' chuid gu mòr a bu mhò dhiubh. Cha 'n e so a mhàin, ach thubhairt ministear eile ris—ministear leis an robh mòr shoirbheachadh anns an fhìon-lios—nach b 'aithne dha tuilleadh na *aon 's an t-seachd* a chaidh iompachadh an déigh dhoibh maduinn na h-òige 'fhàgail! 'S i an òige, uime sin, am feadh a tha an cridhe agus na h-aignidhean maoth, an t-àm gus an Tighearn iarraidh.

'S an dara h-àite.—Tha 'leithid do staid ann a's neach a bhi air a thoìrt thairis do chruas cridhe, agus air a chaomhnadh a mhàin gus "tomhas 'aingidheachd a lionadh suas." Agus fuiling thusa dhomh, a leughadair ionmhuinn, ma tha thu fathast gun fhios agad ciod e dùsgadh spioradail, gu-m feud gu bheil thusa ni 's faigse do'n staid so na tha duil agad! Theagamh nach robh dùsgadh mòr agus farsuing riamh nach robh cuid diubh a ràinig an staid eagalach so—muinntir, an déigh a bhi fo mhòr imcheist, a thuit air an ais—a' diultadh gach

rabhaidh—'g an cruadhachadh fein ann an neo-shuim, 's an olc, agus a' suidhe sios deich uairean ni 's miosa na 'bha iad riamh! Cha mhòr, theagamh, a chi, an taobh so de shiorruidheachd, mar a sgrios iad an anama mar chunnaic an seann duine mu'n robh mi 'g innseadh: ach 's ann aige san a rannsaicheas an cridhe a tha fios cia lìon iad, eadhon ann an tìr so an t-soisgeil, ris an abair *Dia na Tròcair*, "Gairmaidh iad orm, ach cha fhreagair mise; iarraidh iad mi—ach cha'n fhaigh iad mi." Nam faiceadh tusa an duine 'chunnaic ceithir-fichead geamhradh, agus e 'criothnachadh le eu-dòchas an uair a thàinig teachdaire gruamach a' bhàis a thoirt air falbh 'anama a dheoin no dh' aindeoin, a dh' fhaotainn a bhinn, chitheadh tu cho cudthromach 's a tha focal so na Firinn a tha ag ràdh, "Mo thruaighe iad 'n uair a thréigeas mise iad."

Thusa 'òganaich ionmhuinn, a leugh an eachdraidh aithghearr so, an robh riabh imcheist ortsa mu shiorruidheachd? Ma bha, fuilingidh tu focal no dhà bho charaid d' anama. Na abair, "eisdidh mi riut 'n uair a thig sean aois," air eagal 'n uair a thig sean aois, gu'n dean eudòchas greim ort—air eagal gu'n abair Dia, "Tha e ceangailte ri iodhalaibh, leig leis."

Thusa a leugh an leabhran so, an seann duine thu? Ma seadh, fuiling dhomh, a charaid aosda, focal no dhà a ràdh mu staid d' anama mu'm fosgail uamhasan an t-saoghail shiorruidh ort.

'S cuimhne leatsa cuideachd an latha 'n uair a bha thu fo agartas coguis—'n uair a bha thu fo imcheist mu shlighe na beatha, agus mu shlainte an anama. An d' fhalbh an latha so? Ma dh' fhalbh, c' àit an d' fhuair d' anam fois! No am bheil thu, 's do cheann liath, a' d' sheasamh air stairsnich na siorruidheachd, gun eagal gun chùram? An àm codail so? Dh' fhalbh an t-àm a *b' fhearr* gus an Tighearna iarraidh—dh' fhalbh, agus gu bràth cha phill e, cha'n eil àm idir a nis ann ach *beagan làithean*, ma tha sin féin ann!

Mur e cheana marbhantas a' bhàis spioradail so a rug air d' anam, cha'n fhada gus an tionndaidh e gus bàs spioradail! Oh! na cuir dàil ni 's faide! Na h-abair "Cha 'n 'eil comas air—ciod a ni mi?" Cha 'n 'eil neach an taobh a mach de dhòchas ach iadsan *leis nach àill* tighinn gu Criosd, chum gu-m biodh beatha aca. "An ti a thig do'm 'ionnsuidhsa," ars' Esan, cha tilg mi air chor air bith a mach e." Gu'n tugadh Dia dhuit fhaicinn cia cunnartach an ni dàil a chur ann an aithreachas.—*Amen.*

"Roghnaichibh an diugh cò d'an dean sibh seirbhis; an ann do na diathaibh d'an d'rinn bhur n-aithriche seirbhis, a *bh*'air taobh thall na h-aimhne, no do dhiathaibh nan Amorach, muinntir a tha sibh a chòmhnuidh 'nan tìr: ach air mo shon-sa, agus air son mo thighe, ni sinne seirbhis do'n Tighearn."

Iosua xxiv. 15.

"Oir cha'n 'eil a h-aon againn beò dha féin, agus cha'n 'eil a h-aon againn a' bàsachadh dha féin. Oir ma's beò dhuinn, is ann do'n Tighearn a tha sinn beò: agus ma's bàs duinn, is ann do'n Tighearn a tha sinn a' bàsachadh: uime sin ma's beatha no bàs dhuinn, is leis an Tighearn sinn. Oir is ann chum so a fhuair Criosd bàs, agus a dh'éirich e, agus a tha e beò a rìs, chum gu'm biodh e 'na Thighearn air na beothaibh agus air na marbhaibh."

Romhanach xiv. 7–9.

London: The Religious Tract Society,
56 Paternoster Row, 65 St. Paul's Churchyard, 164 Piccadilly.
[*Price* 2*s. per* 100.]